

CUIDEACHADH IS COMHAIRLE AIR LÌONADH A' PHLANA-GHNÌOMHACHAIS AGAIBH

CÒ A BU CHÒIR A LÌONADH

Bu chòir gun lòn na daoine òga a tha a' stiùireadh a' ghniomhachais am plana-gnìomhachais, le taic an luchd-teagaisg.

Tha an dreach plana air a dhealbhadh a bhith sùbailte – tha stiùireadh gu h-ìosal.

Roinn a h-Aon: Ro-ràdh agus Cùl-fhiosrachadh

Gu sgiobalta, dè am beachd-smuain agaibh agus carson a dh'obraicheadh e?

Ceist shìmplidh! Thoiribh mìneachadh seachad air na tha fa-near dhuibh, mar eisimpleir, a' stiùireadh café, ag ath-chuaireachadh èideadh sgoile. An uair sin, mìnichibh carson, nur bheachd-ne, a cheannaicheas daoine am bathar no seirbheisean agaibh.

Roinn a Dhà: Ceannardas

Cò a stiùireas an iomairt agus ciamar a dh'obraicheadh i an lùib structar na sgoile?

Ma tha ceannard sgioba agaibh, glè mhath – mura h-eil, b' urrainn dhuibh mìneachadh carson nach eil ceannard ann agus thoir seachad ainmean nan daoine an sàs anns an iomairt shòisealta. Agus bu chòir dhuibh ainm an tidseir a tha gur cuideachadh a chur an seo.

Dè na sgilean ceannardais a gheibh sibh no a leasaicheas sibh san iomairt?

A leithid: planadh, stiùireadh sgioba no buidhne, a' riochdachadh an sgioba, conaltradh, a bhith nur deagh eisimpleir, a' brosnachadh an sgioba.

Roinn a Trì: Amasan

Dè na prìomh amasan an lùib na h-iomairt?

Dèanaibh còmhchradh is smaoineachadh air son oir bidh e na thaic le co-dhùnaidhean nas fhaide air adhart. Smaoinichibh air dè na h-amasan a tha an cois ur n-obair chruaidh.

Amas 1

Bhiodh e na chuideachadh nan tòisicheadh sibh gach fear le 'ro

Amas 2

dheireadh na h-iomairt sòisealta tha sinn an dòchas gun coilean sinn...'.

Amas 3

Roinn a Ceithir: Bathar/Seirbheisean

Dè am bathar a tha sibh a' reic?

Tha seo coltach ri Roinn a h-Aon ach curibh beagan fiosrachaидh a bharrachd ri seo.

Mas e seirbheis a th'ann, mìnichibh an seo cho

soilleir 's a ghabhas.

Roinn a Còig: Sgrùdadadh na margaid agaibh

a) Ciamar a tha fios agaibh gu bheil feum ann?	Carson a bu chòir do dhaoine am bathar/seirbheis agaibh a cheannach – bidh e soirbheachail ma bhios feum aca air seach a bhith ga cheannach airson taic a chumail ribh.
b) Cò an luchd-ceannaich agaibh?	Smaoinichibh cho farsaing 's as urrainn – sgoiltean eile na sgìre, pàrantan, gnìomhachasan ionadail, air-loidhne?
c) Cò th'ann an co-fharpais leibh?	'S iad na co-fhairpisich na daoine a tha a' reic an dearbh rud no a' tairgsinn na h-aon seirbheis 's a tha sibh fhèin.
d) Dè na prìsean a bhios agaibh?	Tha duilleag chuideachaidh ann...
e) Dè an ìomhaigh a tha sibh a' feuchainn ri reic?	Dè am beachd aig daoine nuair a chluinneas iad ainm na h-iomairt agaibh? (smaoinichibh air companaidhean a chleachdas sibh fhèin, a leithid Tesco, Lidl, Apple – ciamar a chuireadh sibh na seirbheisean acasan an cèill ann am beagan fhaclan?)
f) Dè na dòighean a chleachdas sibh airson am bathar a reic is a shanasachadh?	Ciamar a chuireas daoine eòlas air a' bhathar agaibh agus càit am faigh iad e?

Roinn a Sia: Buaidhean Sòisealta, Àrainneachdail is Eaconamach

Sòisealta	Ciamar a chleachdas sibh ur prothaid airson daoine eile a chuideachadh?
Àrainneachdail	Beachdaichibh air ... Ciamar a bheir an luchd-ceannaich na cheannaicheas iad leotha; ciamar a bhios sibh a' faighinn cuidheas sgudail; a bheil na dòighean libhrigidh agaibh math don àrainneachd; a bheil an acfhainn agaibh math don àrainneachd ...?
Eaconamach	Beachdaichibh air ... Dè a' bhuaidh a bhios aig an iomairt shòisealta air an dòigh a smaoinicheas sibh air gnìomhachas; a' bhuaidh aig Malairt Chothromach air luchd-malairt san t-saoghal fo leasachadh; an eòlas agaibh air dèiligeadh le airgead ...?

Roinn a Seachd: Gnothaichean an lùib tòiseachaidh

Cuin a thòisich an iomairt? No cuin a thòisicheas i?	
Àireamh is buidheann - aois nan sgoilearan	
Càit am bithear ga libhrigeadh?	
Dè ch tric 's a bhithear ga libhrigeadh?	

Roinn a h-Ochd: Ionmhas

TEACHD A-STEACH: Càit an lorg sibh airgead airson a cur air chois?	'S dòcha gun tig teachd a-steach bho luchd-fastaidh, banca no an sgoil, earrainnean sa ghniomhachas ... no iomairtean airson airgead a thogail.
COSGAISEAN: Dè na cosgaisean an lùib libhrigheadh na h-iomairt?	Gheibhear an fhreagairt ann an Roinn 5 e).
Mìnichibh ciamar a nì sibh prothaid agus dè nì sibh leis a' phrothaid.	Gheibhear cuideachadh a-rithist ann an Roinn 5 e).
Teachd a-steach Bliadhnailean ris a bheilear an dùil:	Thoiribh beachd dhuinn air dè an teachd a-steach bliadhnailean ris a bheil sibh a' sùileachadh (stèidhichte air freagairtean san roinn seo agus Roinn e).